(Local Authority logo goes here)

Faodaidh sibh clàradh airson bhòtadh ma tha sibh a' fuireach (mar as trice) ann an Sasainn agus ma tha sibh 16 bliadhna a dh'aois no nas sine ach cha bhi e comasach dhuibh bhòtadh gus am bi sibh 18. Feumaidh gur e aon de na leanas a th' annaibh cuideachd:

- saoranach Breatannach no Èireannach
- saoranach a' Cho-fhlaitheis (a' gabhail a-steach saoranaich Mhaltach agus Chipireach) aig a bheil cead a dhol a-steach no fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn, no aig nach eil feum air cead
- saoranach an Aonaidh Eòrpaich (AE) den Danmhairg, Lucsamburg, a' Phòlainn, Portagal, no an Spàinn aig a bheil cead a dhol a-steach no fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn, no aig nach eil feum air cead
- saoranach an Aonaidh Eòrpaich (AE) de dhùthaich sam bith eile den AE aig an robh cead air no ro 31 Dùbhlachd 2020 a dhol a-steach no fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn, no aig nach robh feum air cead, agus gu bheil seo air leantainn gun beàrn.

Tha cead a dhol a-steach no fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn (ris an canar cuideachd Leave to Enter or Remain) a' toirt iomradh air inbhe in-imrich laghail.

Cuir fios thugainn gus am foirm seo iarraidh ann an clò mòr no ann an cruth eile.

Rachaibh air loidhne.
Tha e luath agus furasta am foirm seo a lìonadh aig **gov.uk/register-to-vote**.

Clàraibh airson bhòtadh

1 Ur n-ainm slàn agus seòladh

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Ur Seòladh

Còd Puist

A bheil sibh cuideachd a' fuireach aig seòladh eile? Cuiribh cromag. ☐ Cha robh ☐ Bha

Ma tha, chan fheum sibh an seòladh seo a thoirt dhuinn an-dràsta, ach 's dòcha gun iarr sinn barrachd fiosrachaidh aig àm eile.

Àireamh fòn (a rèir roghainn)

Post-d (a rèir roghainn)

Ma bheir sibh dhuinn seòladh puist-d no àireamh fòn bidh e nas fhasa agus nas sgiobalta dhuinn fios a chur thugaibh mun tagradh agaibh.

Ma tha sinn air fiosrachadh ceàrr a chlò-bhualadh, cuiribh loidhne troimhe agus sgrìobhaibh am fiosrachadh ceart.

2 Air imrig anns na 12 mìosan mu dheireadh?

Cuiribh cromag. ☐ Cha robh ☐ Bha

Ma tha, thoiribh seachad seòladh sam bith far an robh sibh a' fuireach roimhe sa bhliadhna a dh'fhalbh air neo ma dh'fhaodadh gum bi dàil air an iarrtas agaibh.

Còd Puist

Ma bha an seòladh seo thall thairis, an robh sibh clàraichte san RA mar neach-bhòtaidh thall thairis?

Cuiribh cromag. ☐ Cha robh ☐ Bha

3 Ur nàiseantachd (tuilleadh fiosrachaidh air duilleag 4)

Dè an nàiseantachd a tha agaibh? Ma tha barrachd air aon nàiseantachd agaibh, feuch gun cuir sibh a-steach iad uile.

(Chan eil fios agaibh air ur nàiseantachd? Faicibh earrann 10).

4 Ur n-inbhe in-imrich (tuilleadh fiosrachaidh air duilleag 4)

Na lìon an earrann seo ach ma 's e saoranach AE a th' annaibh à aon de na dùthchannan a leanas:
A' Bheilg • A' Bhulgair • A' Chròthais • A' Ghearmailt • A' Ghrèig • An Eadailt • An Eastoin • An Fhionnlainn • An Fhraing • An Laitbhe • An Liotuain • An Ostair • An t-Slòbhac • An t-Slòbhain • An t-Suain • An Ungair • Na Tìrean Ìsle • Poblachd na Seice • Romàinia

Bho 31 Dùbhlachd 2020 an robh cead leantainneach agaibh dhol a-steach no fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn, no nach robh feum agaibh air cead?

Freagairibh 'Bha' ma bha aon no barrachd de na leanas a' buntainn ribh air no ro 31 Dùbhlachd 2020 agus air leantainn gun beàrn:

- inbhe shuidhichte no ro-shuidhichte fo sgeama tuineachaidh an AE, ach a-mhàin ma rinn sibh tagradh mar bhall den teaghlach
- cead neo-dheimhinnte no cuingealaichte a dhol a-steach no fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn
- a' fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn ach saor bho smachdan in-imrich.

Mas e 'Bha' an fhreagairt a th' agaibh don cheist agus gu bheil sibh air a bhith neo-làthaireach bhon RA airson ùine a tha ceadaichte fo chumhachan an inbhe in-imrich agaibh, bu chòir dhuibh cromag a chur san roghainn 'Bha' fhathast.

Cuiribh cromag. ☐ Cha robh ☐ Bha

(Barcode goes here)

5 Ceann-là a rugadh sibh (tuilleadh fiosrachaidh air duilleag 4)

L L M M B B B B

Mura h-aithne dhuibh cuin a rugadh sibh, dèanaibh comharradh ma thathas:

fo aois 18 ☐ aois 18-75 ☐ 76 no nas sine ☐

(Nach eil fios agaibh air a' cheann-là a rugadh sibh? Faicibh earrann 10).

6 Ur n-àireamh Àrachais Nàiseanta

Gheibh sibh seo air ur fiosrachadh pàighidh, no air litrichean oifigeil mu chìsean, peinseanan no sochairean.

(Nach eil fios agaibh air ur n-àireamh Àrachais Nàiseanta? Faicibh earrann 10).

7 An do dh'atharraich sibh ur n-ainm? (tuilleadh fiosrachaidh air duilleag 4)

Feuch gun toir sibh dhuinn an t-ainm as ùire agaibh (roghainneil).

Feuch gun innis sibh dhuinn an ceann-latha air an do dh'atharraich sibh ur n-ainm (roghainneil).

L L M M B B B B

8 An Clàr Fosgailte (tuilleadh fiosrachaidh air duilleag 4)

Tha an clàr fosgailte na earrann den chlàr taghaidh, ach chan eilear ga chleachdadh airson taghaidhean. Faodar neach sam bith a cheannach agus a chleachdadh airson iomadh adhbhar a' gabhail a-steach margaidheachd dìreach.

Cuiribh cromag ann mura h-eil sibh airson gum bi ur n-ainm agus ur seòladh air a' chlàr fhosgailte. ☐

9 A bheil sibh a' bhòtadh tron phost neo neach-ionaid?

Bu chòir an earrann seo fhàgail bàn ma tha dùil agaibh bhòtadh gu pearsanta aig stèisean bhòtaidh.
Airson bhòtadh tron phost no tro neach-ionaid, feumaidh sibh iarrtas air leth a lìonadh airson bhòt neo-làithreach.
Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig **gov.uk/how-to-vote**, no cuiribh cromag air mar a bhiodh sibh airson bhòtadh gu h-ìosal agus cuiridh sinn foirm-iarrtais thugaibh.

☐ Tron phost ☐ Le neach-ionaid (cuideigin a' bhòtadh às ur leth)

10 Chan eil fios agaibh air ur nàiseantachd, ceann-là a rugadh sibh no ur n-àireamh Àrachais Nàiseanta? Innsibh carson.

Mura h-urrainn dhuibh am fiosrachadh seo a thoirt seachad 's dòcha gun iarr sinn fianais eile bhuaibh mus tèid ur n-iarrtas a làimhseachadh.

11 Aidmheil

Tha mi a' fuireach aig an t-seòladh seo an-dràsta. Cho fad 's as aithne dhomh, tha am fiosrachadh san fhoirm seo fìor.
Tha mi a' tuigsinn gun tèid am fiosrachadh a thug mi seachad a chleachdadh air a' chlàr taghaidh.
Tha mi a' tuigsinn mura dèan mi iarrtas airson clàradh nuair a dh'fheumas mi sin a dhèanamh gum faodadh càin £80 a bhith orm. Tha mi a' tuigsinn gur e eucoir a th' ann le fios fiosrachadh meallta a thoirt seachad san fhoirm seo agus ma thèid mo dhìteadh faodaidh mi a bhith sa phrìosan airson suas ri sia mìosan agus/no càin gun chrìoch a chur orm.

Sgrìobhadh-ainm

Ceann-là an-diugh

L L M M B B B B

A' Bhòtadh aig an stèisean bhòtaidh

Feumaidh sibh ID dealbh a shealltainn aig an stèisean bhòtaidh agaibh gus bhòtadh. Mur a h-eil ID dealbh ceadaichte agaibh, faodaidh sibh cur a-steach airson sgrìobhainn ID neach-bhòtaidh an-asgaidh, Teisteanas Ùghdarras Luchd-bhòtaidh. Airson barrachd fiosrachaidh, rachaibh gu **gov.uk/how-to-vote/photo-id-youll-need** no cuiribh fios thugainn.

Ma tha feum agaibh air cuideachadh le bhith a' lìonadh an fhoirm seo cuiribh fios thugainn a' cleachdadh an fhiosrachaidh air duilleag 1.

(Barcode goes here)

Ur nàiseantachd agus inbhe in-imrich

Tha cead a dhol a-steach no fuireach san RA, Eileanan a' Chaolais no Eilean Mhanainn (ris an canar cuideachd Leave to Enter or Remain) a' toirt iomradh air inbhe in-imrich laghail.

Is dòcha gum feum sinn fianais a bharrachd mun nàiseantachd agaibh no faodaidh sinn sgrùdadh a dhèanamh air ur nàiseantachd no inbhe in-imrich an aghaidh clàran riaghaltais.

Ma tha earrann 4 ' Ur n-inbhe in-imrich' a' buntainn ribh, dh'fhaodte gun dèan sinn sgrùdadh air ur nàiseantachd eachdraidheil no inbhe in-imrich eachdraidheil mu choinneamh clàran riaghaltais.

Ceann-là a rugadh sibh

Mur a h-aithne dhuibh cuin a rugadh sibh, thoiribh an ceann-latha a chuireas sibh air sgrìobhainnean oifigeil (mar eisimpleir, ur cead-siubhail no cead-draibhidh) no cuiribh cromag ann an aon de na bogsaichean. Bidh an ceann-là a rugadh sibh gur n-aithneachadh, a' dearbhadh gu bheil sibh airidh air bhòtadh agus faodar a chleachdadh gus ur gairm airson seirbheis diùraidh.

Air ur n-ainm atharrachadh?

Mar eisimpleir, 's dòcha gu bheil sibh air pòsadh agus air ur n-ainm atharrachadh. Chan fheum sibh mion-fhiosrachadh a thoirt dhuinn mun atharrachadh ainm agaibh ach cuidichidh e sinn gur n-aithneachadh. Mura tèid am fiosrachadh seo a thoirt seachad is dòcha gum feum sibh fianais sgrìobhte a bharrachd a thoirt seachad.

An clàr fosgailte

Tha dà chlàr ann. Carson? A' cleachdadh fiosrachadh a gheibhear bhon phoball, bidh oifigearan clàraidh a' cumail dà chlàr – an clàr taghaidh agus an clàr fosgailte (ris an canar cuideachd an clàr deasaichte).

Tha **an clàr taghaidh** a' liostadh ainmean agus seòlaidhean gach neach a tha clàraichte airson bhòtadh ann an taghaidhean poblach. Tha an clàr air a chleachdadh airson adhbharan taghaidh, leithid dèanamh cinnteach nach fhaod ach daoine ion-roghnach bhòtadh. Thathar ga chleachdadh cuideachd airson adhbhar cuibhrichte eile a tha air an sònrachadh san lagh, leithid:

- a' lorg eucoir (m.e. foill)
- a' gairm dhaoine airson seirbheis diùraidh
- a' sgrùdadh iarrtasan creideis.

Tha **an clàr fosgailte** na earrann den chlàr taghaidh, ach chan eilear ga chleachdadh airson taghaidhean. Faodar a cheannach le neach, companaidh no buidheann sam bith. Mar eisimpleir, bidh e air a chleachdadh le gnìomhachasan agus carthannais gus mion-fhiosrachadh ainm is seòladh a dhearbhadh. Bidh ur n-ainm agus ur seòladh air a' chlàr fhosgailte mura h-iarr sibh gun tèid an toirt air falbh. Cha bhi toirt air falbh ur fiosrachadh bhon chlàr fhosgailte a' toirt buaidh air ur còir bhòtaidh.

Ma tha dragh oirbh gum faodadh buaidh a bhith aig ur n-ainm neo ur seòladh air a' chlàr air ur sàbhailteachd, dh'fhaodadh gum bi roghainnean eile ann dhuibh. Ann an cuid de shuidheachaidhean, faodaidh sibh clàradh gun ur n-ainm is ur seòladh a' nochdadh air a' chlàr. Airson barrachd fiosrachaidh, cuiribh fios thugainn. Gheibhear an seòladh againn air taobh-duilleig 1 den fhoirm seo.
Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mun dà chlàr agus mar a dh'fhaodar an cleachdadh aig **gov.uk/register-to-vote**.

Facal mu dhìomhaireachd

'S e an Rianadair an t-Oifigear Clàradh Taghaidh. 'S e an t-adhbhar laghail airson am fiosrachadh pearsanta san fhoirm iarrtais seo a chruinneachadh gu bheil an leithid riatanach gus obair a chum math a' phoball a choileanadh mar a dheachdar ann an Achd Riochdachadh an t-Sluaigh 1983 agus riaghailtean buntainneach.

Tha uallach laghail air an Oifigear Clàradh Taghaidh obrachadh le ur cuid fiosrachaidh phearsanta gu tèarainte agus gèilleadh ri laghan dìon fiosrachaidh.

Ma tharraing sibh a-mach às a' chlàr fhosgailte, chan urrainnear ur n-ainm is ur seòladh a chleachdadh ach airson adhbharan taghaidh (a' gabhail a-steach a bhith ga mhaidseadh ri tobraichean dàta eile gus taic a thoirt don chlàr taghaidh) agus adhbharan cuibhrichte eile a tha air an sònrachadh san lagh. Tha an lagh a' ceadachadh ur fiosrachadh a chleachdadh airson gnìomhan conaltraidh deamocratach (le pàrtaidhean poilitigeach, tagraichean, agus riochdairean), lorg eucoir, gairm diùraidh, agus sgrùdaidhean dearbh-aithne tagradh creideas.

Mur an do tharraing sibh a-mach às a' chlàr fhosgailte faodaidh duine sam bith ur n-ainm agus ur seòladh a cheannach agus a chleachdadh airson iomadh adhbhar, a' gabhail a-steach margaidheachd dìreach.

Feuch gun toir sibh sùil air a' bhrath prìobhaideachd aig <<Lìon>> no cuiribh fios gu Oifigear Clàraidh an Taghaidh gus leth-bhreac iarraidh.

«ERO name» «ERO address» «ERO telephone»

Trioblaidean leis an fhoirm?

Cuiribh fios thugainn mur eil sibh a' tuigsinn an fhoirm seo no ma tha taic a dhìth oirt ga lìonadh – no gus iarraidh ann an clò mòr no ann an cruth eile. Chìthear am fiosrachadh conaltraidh againn air taobh-duilleig 1.